



ALBA

PASGAN-FASTAIDH

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	7

Facal bhon Àrd-Oifigear againn...

Tha sinn a' sireadh Manaidsear Chom-pàirteachasan agus Phròiseactan a thighinn còmhla ris an sgioba againn ann an Steòrnabhagh no Glaschu.

'S e dreuchd làn-ùine is maireannach a tha seo airson neach eagraichte agus làn-dhìcheallach a thighinn còmhla rinn aig àm inntinneach airson ar buidhne agus sinn ag atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan atharrachail ar luchd-amhairc agus ar luchd-cleachdaidh.


Bidh an dreuchd seo freagarrach do chuideigin a tha dèidheil air a bhith ag obair ann an àrainneachd luath is eadar-mheasgte agus as urrainn MG ALBA a riochdachadh gu comhfhurtail a-muigh agus ann an iomadh suidheachadh.

'S e àm inntinneach a tha seo airson a bhith mar phàirt de roinn nam meadhanan Gàidhlig agus cothrom pàirt a ghabhail ann am pròiseactan cruth-atharrachail a chuidicheas le bhith a' cruthachadh dìleab airson ar cànan agus ar luchd-ùidh san àm ri teachd.

Anns a' phasgan seo gheibh sibh tuairisgeul obrach, sanas obrach agus stiùireadh airson tagradh.

Ma tha riatanasan ciorraim, ruigsinneachd no in-ghabhail sam bith agaibh, feuch an innis sibh dhuinn. Bidh an sgioba againn toilichte freagradh reusanta sam bith a tha a dhìth oirbh a chur an sàs gus an urrainn dhuibh làn phàirt a ghabhail sa phròiseas fastaidh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.



Dòmhnall Caimbeul
27/3/26

AR SAOGHAL



GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE



AIRSON GACH NEACH

BBC ALBA

Learn
Gaelic

Speak
Gaelic

FILMG

AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig.

LUCHD-AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc.

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathas.

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh.

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach.



Manaidsear Chom-pàirteachasan agus Phròiseactan

Tìotal Obrach	Manaidsear Chom-pàirteachasan agus Phròiseactan	Ire	D2	Uairean Seachdaineil	37
---------------	---	-----	----	----------------------	----

Àite Steòrnabhagh no Glaschu

Raon Tuarastail £40,495 - £45,179

Uallach airson

- Stòr-dàta luchd-aithne MG ALBA
- Stuthan conaltraidh is thachartasan MG ALBA
- Làrach-lìn, cunntasan LinkedIn & meadhanan sòisealta MG ALBA
- Cunntasan puist-d MG ALBA conaltradh@ agus fios@

Cunntachail do Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh

Dàimhean-obrach

- Bidh an neach-dreuchd ag aithris don Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh agus a' toirt taic do dh'obair an Àrd-Oifigeir, a' Chathraiche agus Comataidhean a' Bhùird
- Thathar an dùil gun stèidhich an neach-dreuchd sàr dhàimhean-obrach le luchd-ùidh MG ALBA agus com-pàirtichean bhon taobh a-muigh, a thuilleadh air ceanglaichean nas fharsainghe san roinn ghnìomhachais
- Feumaidh an neach-dreuchd obrachadh gu h-èifeachdach le buidhnean bhon taobh a-muigh gus na toraidhean ann an Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig agus Plana Obrachaidh MG ALBA a choileanadh
- Bidh an neach-dreuchd a' toirt taic don Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh le raon de phròiseactan agus iomairtean a thaobh atharrachadh agus leasachadh taobh a-staigh na buidhne

Amas Gus raon de phròiseactan com-pàirteachais, leasachaidh, trèanadh agus conaltraidh a thoirt air adhart airson MG ALBA.

Prìomh Thoraidhean

- A' meudachadh àireamh, nàdar agus luach pròiseactan com-pàirteachais is leasachaidh anns a bheil MG ALBA an sàs gu gnìomhach
- A' leasachadh ruigsinneachd obair MG ALBA tro thachartasan agus conaltradh roinneil is coimhearsnachd ro-ghnìomhach
- A' dèanamh cinnteach à conaltradh làidir is èifeachdach a-staigh agus le com-pàirtichean/luchd-ùidh

Bidh an neach-dreuchd:

- Ag obair le co-obraichean a-staigh agus com-pàirtichean bhon taobh a-muigh gus amasan *Lèirsinn 2030* a libhrigeadh le bhith:

Pròiseactan/Com-pàirteachasan/Leasachadh

- Ag obair le com-pàirtichean agus luchd-ùidh gus planaichean agus pròiseactan a leasachadh a bhios buannachdail dha chèile agus gu ro-innleachdail

- A' cur air adhart agus a' libhrigeadh raon de phròiseactan agus iomairtean a mheudaicheas toradh, buaidh agus luach eaconamach nam meadhanan Gàidhlig
- A' togail ìomhaigh nam meadhanan Gàidhlig, a' gabhail a-steach trèanadh agus dreuchdan ann am meadhanan Gàidhlig
- A' brosnachadh agus a' roinn sgeulachdan soirbheachais air mar a tha meadhanan Gàidhlig a' cur ri builean eaconamach, cultarail agus cànan
- Ag obair le prìomh luchd-ùidh gus dèiligeadh còmhla ris na dùbhlain a tha mu choinneimh nam meadhanan Gàidhlig
- A' gabhail pàirt ann agus a' leasachadh lìonraidhean agus fòraman fiosrachaidh le com-pàirtichean, luchd-ùidh agus buidhnean eile mar a bhios iomchaidh
- Stèidhich stòr-dàta làidir de luchd-aithne, cho-obraichean, luchd-buaidh agus càirdean eile leis am faod MG ALBA obrachadh, lìonrachadh agus buaidh nam meadhanan Gàidhlig a leudachadh
- Ùrlaran agus seanailean conaltraidh na buidhne a leasachadh
- Conaltradh taobh a-staigh na buidhne a bhrosnachadh agus cunntasan co-cheangailte a riaghladh
- Cuir pàipearan aig àrd ìre ri chèile agus an sgrìobhadh nuair a bhios feum, nam measg fiosan naidheachd agus freagairtean co-chomhairleachaidh
- Ullaich taisbeanaidhean agus geàrr-chunntasan le bhith a' cleachdadh phasganan bathar-bog dealbhaidh aontaichte
- Taic a thoirt do dhealbhadh agus libhrigeadh thachartasan MG ALBA agus, far a bheil riatanach, riochdachadh MG ALBA aig raon de thachartasan agus choinneamhan taobh a-muigh.

Prìomh Dhleastanasan

Faid:

Maireannach

Sanas

Thig còmhla rinn!

Tha sinn a' fastadh! Tha sinn a' sireadh Manaidsear Chom-pàirteachasan agus Phròiseactan, a bheir spionnadh, dòigh-obrach gnìomhach agus sàr sgilean airson a bhith ag obair le daoine. Cuidichidh sibh le bhith a' togail dhàimhean, a' toirt taic do fhàs agus a' gabhail pàirt ann a bhith a' cruthachadh ar slighe air adhart.

Bidh sibh a' tighinn còmhla ri buidheann aig cridhe nam meadhanan Gàidhlig, gar cuideachadh le bhith a' fàs agus a' ceangal ri luchd-amhairc ann an dòighean brìghmhor.

Tha sinn a' sireadh neach a tha eagraichte, co-obrachail agus comhfhurtail a' dèiligeadh ri prìomhachasan. Bidh sibh fileanta sa Ghàidhlig, le sgilean sgrìobhaidh làidir an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla agus misneachail ann a bhith a' cleachdadh innealan didseatach agus *Microsoft Office* gus susbaint agus iomairtean tarraingeach a chruthachadh.

Gus a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bidh eòlas agaibh ann an dreuchd coltach ris roimhe (bhiodh eòlas anns na meadhanan no àrainneachd craolaidh buileach math), bidh sibh toilichte siubhal agus obair gu sùbailte agus bheir sibh deagh mhothachadh air breithneachadh, dioplòmasaidh agus obair-sgioba chun a h-uile rud a nì sibh.

Nas cudromaiche buileach, bidh sibh deònach cumail oirbh ag ionnsachadh, a' leasachadh agus a bhith a' dol an sàs aig a h-uile cothrom.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochoirean, nam measg:

- Sgeama peinnsein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnail agus 6 saor-làithean poblach (*pro rata*)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha dùnaidh airson tagraichean – **Diardaoin 9 Giblean 2026, 5f.**

Cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Sfùireadh airson Tagradh:

Cuiribh ur Cunntas-beatha agus litir còmhdaich gu hr@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh oirbh agus ur tuigse air mar as urrainn dhuibh an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MÒRAN TAING!

